

Gaelic Service
Rev. Colin MacPherson
Sunday 16th July, 1959:
11.30 a.m./12.10 p.m. SHS

Tòisicheadh air aoradh an Tighearna le bhì a' seinn a dhùn a chliù
anns a' choigeamh salm thar fhìchead, ceithir rann bho'n
cheathramh rann air fonn "Old 25th":

"Fòillsich do shlighe dhomh a Dhe,
a d' cheumaibh teagasg mi"

A Dhe uile-chumhachdaich, dha'm bheil gach cridhe fogsailte,
gach smuain aithnichte, gach gluasad follaiseach, agus o nach
ceilliar ni air bith, glan smuaintean ar cridheachan le deachdadh
de Spioraid chum gu'n robh e 'nar comas aoradh a dheanamh dhuit-sa
ann an spiorad agus ann an fìrinn.

A Dhe naomh agus uile bheannaichte, tha sinn mothachail air ar
neo-airidheachd. Eirst sinn lagh do ghraidh gu minig, agus
air ìomadh doigh; agus chuir sinn doilgheas air do Spiorad le
cion toirt fainear.

Dh' fheillnich sinn gu tric, ann an ceartas a' chleachdadh, trocair
a ghradhachadh agus a bhith a' gluasad gu h-iriosail ann ad lathair-sa.

Regnailich sinn air uairibh ar toil fhein air thoiseach air do thoil-
sa, agus dhi-chuimhnich sinn aig amannan, do choir air ar n-ùmhilachd
agus air ar n-aoradh.

Ach a chionn gu'r h-i do thoil-sa beatha - shiorruidh a bhì aig
gach neach a ni aithreachas agus a chreideas ann ad Mhac Iosa

Criosd/

Criosd, maith dhuinn, tha sinn a' guidhe ort, ar n-uile lochdan.
Dubh iad uile a mach á leabhar do chuimhne agus folaich iad gu
leir, ann an cuan do ghraidh air a sgath-san a nochd agus a
dhearbh do ghradh Athaireil dhuinn.

Moladh siorruidh a bhith dhuit, a Dhe ghrasamhor, airson nach tug
aramach na aineolas dhaoine muthadh air do ghradh no meatachadh
air do thròcair.

Mairidh do chaoimhneas graidh am feasd do'n dream d'an eagal
Thu agus togaidh tu dealradh glan do ghnuis orra-san uile a bheir
speis do d' reachd.

Deanaich dhuinn spiorad gliocais agus foillseachaidh ann an eòlas
's an tuigse air an ullachadh àghmhor a rinneadh leat chum peacaich
fhireanachadh agus a shuidheachadh ann ad Aros naoimh, le uile
choirichean cloinne.

Na leig le mi-shealbh, na tuiteamas, sam bith, tighinn 'nar
rathad a mhilleas ar sealladh no ar meas air slainte cho mor.
Treoraich sinn air slighe na saorsa, agus dean ar coimhead le do
chumhachd tre chreideamh. Eid sinn leis an fhireantachd a tha
tre chreideamh agus deasaich sinn, le comhnadh do Spioraid chum
gach dleasanais a choimhlionadh a reir do thoil.

Meudaich ar creideamh, a Dhe, agus uraich ar beatha gach la, á
tobraichean do ghrais.

Buidheachas gun robh dhuit airson nach'eil son-chuid do ghealladh
no do chobhair a' feitheamh tre aindecin air bith air do thaobhasa
chum/

chum an dearbhadh; ach tha iad a' feitheamh oirne chum an sireadh agus an sealbhachadh le bhith strìochdadh gu toileach, do lagh Spiorad na beatha ann an Iosa Crìosd ar Tighearna an t-aon ìochd-shlainte a shaoras sinn o lagh a' pheacaidh agus a' bhàis.

Eisd ann ad thruacantas ri guth ar n-aslachaidh agus deònaich do fhreagrachd dhuinn ann an sith, tre Iosa Crìosd ar Slanuidear. Agus dhuitse, dhasan, agus do'n Spiorad naomh gun robh glòir agus urram, fad saoghal nan saoghal. AMEN.

(3.45 + 2.20)

Leughaidh sinn cuibhrionn de Fhocal an Tighearna mar a gheibhear e sgrìobhta ann an Leabhar an Fhaidh Isaiah, an coigeamh caibdeil thar an leth-cheud:

LEUGHADH (O.T.)

(6.50 + 2.20) (4.40)

Bithidh sinn a nis a' seinn anns an naoidheamh salm thar a' cheithir fhichead, ceithir rann bho'n choigeamh rann deug air fonn "Newington":

"'S beannaicht' an sluagh a thuigeas fòs
an fhuaim tha coibhneach ait"

(2.5) (6.25)

Leughaidh sinn a rithist ann an Leabhar nan Gèinntianach, a' cheud chaibdeil de'n cheud leabhar bho'n t-seachdamh earrann deug a dh' ionnsaigh an aonamh earrann deug thar fhichead.

LEUGHADH (N.T.)

10.15

Gairmidh sinn air ainm an Tighearna:

A Dhe ghloirmhoir, a ta o shìorruidheachd gu sìorruidheachd agus

fa/

fa chomhair am bheil ginealach an deidh ginealach ag eiridh suas agus a' sioladh seachad, tha sinn a' moladh D'Ainm re-naomh airson gu'n do dhearbh thu thu fhein anns gach linn a bhith 'nad thearmunn agus 'nad neart dhaibhsan uile a chuir am muinghin annad.

Ann ad throcair chaoimh cha d' fhag thu an saoghal riamh gun fhianuis ort fhein, agus, eig an uair lomchuidh, chuir thu do bhac d'ar n-ionnsuidh chum do ghradh agus do bhaigh a nochdadh do chloinn nan daoine.

Buidheachas siorruidh a bhith dhuit airson gu'n do "choisrig e slighe nuadh agus bheo" airson a' chinne-daonna gu leir.

Tha sinn, uime sin, a' guidhe, le ar n-uile dhurachd, gun robh an Soisgeul air a luaidh, le buaidh agus cumhachd an Spioraid Hoinn, gu ruige lomallaibh na talmhuinn, agus an la air a ghreasad anns am bith rioghachdan an domhainn air an riaghladh a reir do rlin.

Seall, ann ad thruacantas, air staid an-shocrach agus ainneasach an t-saoghail, eig an am so chum gu'n robh na sloigh a' toirt fairear nach ann le aran a bhain a bheathaichear duine. An aite uireasbhuidh agus amaideas an deanadais fhein - deonaich gun robh iad a' roghnachadh lagh agus riaghladh Prionnsa na sithe, a thainig "chum gu'm biodh beatha aca, agus gu'm biodh e aca na's pailte". Misnich agus neartaich na h-uile a tha ullamh gu lamh chuideachaidh a thoirt ann an sobhar Chrìosd agus a Shoisgeul. Guimnich ann ad throcair air ar duthaich fhein. Shealbhaich sinn mar shluagh, sochairean prìseil 's na laithean a dh' fhalbh.

Saor/

Saor agus teagrig sinn a Dhe bheannaichte, o bhith de'n bheachd gun dean ar gliocas agus ar comas fhein a' chuis airson feum an la'n diugh. Oir tha sinn buailteach a dhi-chuimhneachadh gur th' ann le gras a thearnar sinn - agus sin, chan ann usinn fhein - is e do shaor-thiodhlaic-sa e do gach neach a chreideas.

Beannaich agus gleidh an rìgh agus a' bhan-rìgh. Stiuir ann ad ghliocas, na h-uile a tha ann an ughdarras, agus air an suidheachadh, chum deagh riaghailt a chumail agus ardachadh 'nar measg.

Is e tus a' ghliocais D' eagal-sa a Dhe, agus sodaichidh D' fhìreantachd an sluagh a bheir speis dhith.

Athair na sìthe agus a Dhe na h-uile comhfhurtachd, bidh baigheil riu-san uile a tha ann an teinn agus cuidich leis gach h-aon a tha fo amhar spiorsid no fo bhron cridhe. Iadsan a dh' fheitheas ort-sa gheibh iad spionnadh nuadh. Tha sinn a' toirt buidheachas dhuit airson 'nan uile a thog fianuis air taobh nam firinn, anns gach linn, agus a dhearbh an creideamh le'n dilseachd.

Deonaich gu'n robh sinne a' cur umainn armachd an t-soluis chum gluasad mar chloinn an t-soluis, agus a' fas na's airidhe, gach la, air ar gairm-neamhaidh tre Iosa Crìosd ar Tighearna.

"Ar n-Athair a ta air neamh gu naomhaichear d' ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a nithear air neamh. Tabhair dhuain an diugh, ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar fiachan anhuil a mhaitheas sinne d'ar luchd fiach. Agus na leig ann am buaireadh sinn, ach saor sinn o cle, oir is leatsa

an/

an rìoghachd, agus an cumhachd agus a' ghloir gu sìorruidh. AMEN.

Bithidh sinn a nis a' seinn anns an ochdamh salm thairis air an tri fichead, tri rann bho'n ochdamh rann deug air fonn "Sheffield":

"Is chaidh thu suas air ionad ard,

(12.40 + 3) thug bruid am bráighdeanas" (13.30 + 3 Ps.)

"Crìosd air a' cheusadh - cumhachd agus gliocas Dhe" (1 Cor. 1. 23-24)

Tha e ro-choltach gun robh Pol gle dhiombach dheth fhein airson na h-uine a chuir e seachad a' deasboireachd ri feallsanaich baile na h-Aithne. An deidh mar a thachair dha nam measg, chuir e roimhe gu'm biodh cuspair a sgeoil agus a thagraidh as leth an t-Soisgeil, o sìod a mach uile gu leir suidhichte agus sochraichte air Crìosd agus esan air a cheusadh.

Cha bu ghnòthach furasda e air chor sam bith, a' leithid de sgeul a chuir an ceill, an cearna sam bith aig an am ud. Oir bha bas a' chroinn-cheusaidh na bhas cho do-bheartach agus cho ana-cneasda air chor 's nach robh a h-aon de shaoranaichean na Roimhe ri fulang, air a' mhodh so idir. Mar sin b'e ceannaircich eile do nach robh e comasach sochairean riaghlaidh na h-Impireachd a thagradh a bha air an dìteadh gu basachadh air dhoigh cho bruideil agus cho maslach.

B' aithne do Phol, gu ro-mhaith duilghead agus deuchainn a thuruis, a shaotrach, agus a thagraidh. Bha uallach an dleasnais a ghabh e os laimh aithnichte dha, ach b'e steidh a thapachd agus reul a dhochais gur th' ann o Dhia a bha fhurtachd agus fhoghainteachd.

Tha/

"Tha mi a' toirt fios dhuibh", a bhraithrean ars' e fhein, "an soisgeul a shearmonaicheadh leamsa, nach ann a reir duine a fhuair mi e - ni mo a theagaisgeadh dhomh e - ach tre fhoillseachadh Iosa Crìosd. Agus cha robh m' fhacal agus mo shearmonachadh ann am briathran milis gliocas dhaoine ach ann an lan-dhearbhadh an Spioraid agus a' chumhachd- chum gu'm biodh 'ur creideamh-sa, chan ann an gliocas dhaoine, ach ann an cumhachd Dhe".

As eugmhais cobhair agus comhaidh an Spioraid cheudna - as eugmhais ar n-earbsa, a bhith daonnan ann an cumhachd Dhe, cha bhith saothair a h-aon againn ach air bheag stath air sgath an t-Soisgeul.

"As m' eugmhais-sa chan urrainn sibh aon ni a dheanamh". Is maith nach ann tre ghliocas na tre chomhairle dhaoine a runaicheadh na sheulaicheadh reachd ar saorsa. Ach an deidh mar a chaidh dha 'san Aithne, bha e sonraichte misneachail do Phol h-aghaidh a chuir air baile Coriut.

Ach fhuair e a laithid de gheur-bheachd air Crìosd 'na bheatha 's na fhulangas, 's gu'm b' urrainn dha radh "Is urrainn dhomh na h-uile ni a dheanamh tre Chrìosd a neartaicheas mi".

Bha dearbh bheachd aige gu'n robh "run Dhe, a bha follaichte o thus air a dheanamh aithnichte agus follaiseach troimh chrann- ceusaidh Iosa Crìosd". Sheirbhich leis gu h-ìogantach ann an Coriut - baile cho sàngaidh 's a bha fo'n ghrein aig an am - dearbhadh follaiseach air cumhachd an t-Soisgeul chum daoine a thionn- idadh o dhorchadas gu solus, o chumhachd Shatain gu Dia.

Tha againn an sin blath agus buil searmonachaidh a' chroinn-
cheusaidh. Ach nach'eil beatha agus saothair Phoil fhein againn
mar shamhladh comharraichte air a' bhuaidh a tha fuaighte ann an eolas
air Crìosd agus air cumhachd aiseirigh? Mu'n d' fhuair e an
"taisbeanadh neanmaidh" air an t-Èiligh gu Damascus cha robh a h-
aon eile a bha cho diorrasach no cho guineach ris-san ann an
agaidh an t-Soisgeil. Ach an deidh tachartas an la ud
rinneadh duine nuadh dheth agus fhuair Crìosd gaisgeach agus
an Soisgeul teachdaire cho smiorail agus cho dileas 's a sheas rianh
an broig.

"Crìosd air a cheusadh - cumhachd Dhe" agus gliocas Dhe", agus a
chionn gu'r h-e nach diorhain a bhith an duil gun dean sinn le ar n-
oidheirp fhein sith agus dheagh ghean a sheulachadh air thalamh.

Oir bha uile-chumhachd na Diadhachd air a ghnathachadh chum sith agus
reite a dheanadh eadar Dia agus a' chlànn eas-umhail. Bha Dia
ann an Crìosd a' deanadh an t-saoghail reidh ris fhein. Oir
chan fhoghadh na bu lugha chum peacaich a chuir ann an daimh
cloinne ri'n Athair Neanmaidh. "Bith 'ur duais mor, agus bith
sibh 'nur cloinn do'n Ti as airde".

Faodar a bhith cinnteach nach ann leth-oireach no leth-sgeodach a
ghabhas Dia os laimh gnothach sam bith agus ma b' fheudar dha
mate, a bhac a chur uaithe, is dearbh leam nach b' urrainn reachd
na saorsa a bhith air atharrachadh seoil.

Ma bha peacaich gu bhith air am failteachadh le Dia, agus air am
fireanachadh/

(1205)

fireanachadh 'na lathair, cha ghabhadh cuis cho eudthromach a bhith air a chaochladh doigh. Oir co ach esan a bha naomh, neo-lochdach, agus mar aon ris an Athair - an gne san gnathachas - d'an robh e comasach buintinn ri suidheachadh ainmiseach a' chinne-daonna? Ghabh Crìosd air a ghuaillaibh fhein uile-uireasbhuidh ar n-easumhlachd agus doilgheas ar seachrain. Tre neart a ghraidh, ghlac e mar gu'm b' eadh an cinne-daonna 'na phearsa fhein agus fhuair gach osna a dh' eireas o chridhe an duine, freagairt ann an doimhneachd a' bhroin agus a' cho-fhearachaidh.

Crìosd air a cheusadh - co ann am measg dhaoine a dhàrich riamh gu airde - mullaich an eolais na thomhais doimhne na diomhaireachd a tha fillte anns an sgeul aghuor so? Sibhse uile aig a bheil cridhe a thuigess na inntian a bheir fainear, luachdaicheabh air gabhail rathad mor an t-Soisgeul air 'ur sgath. Ann an seilbh air cumhachd gun chrìch - na lan ushdaran air fhein, agus air gach ni fo'n ghrein, rinn e dìreach air a' bheul-thadhail a chuireadh roinne, dhaindeoin duilghead a thuruis. "Shaltair e an t-amar-fiona 'na aonar, agus de na sloigh cha robh a h-aon maille ris". Agus ar lean nach robh e uair air bith, na bu ghloirmhoire 's na bu mhaisiche na bha e air dha seasamh an lathair a luchd-casaid".

"Sharaicheadh e agus rinneadh aineart air - gidheadh cha d' fhosgail e a bheul: thugadh e mar uan chum a' chasgraidh agus mar chaora a bhios balbh an lathair a luchd lomairt - mar sin cha d' fhosgail e a bheul".

Togaibh suilean 'ur n-inntinn, agus amhaircibh air an crochadh air a'/

(18145)

A' chrann; eisdibh ri osna chraitich a throm fhulangais a chridhe an impis sgainsadh le deuchainna agus bron a shuidheachaidh. Crìosd air a cheusadh neach a sheas e fhein a bhith co-ionann ris an Athair, air a dhimeas agus air a chuir air chul le daoine, air a dhiteadh mar chiontach, agus air a chuir gu bas le foill agus foirneart - am b' urrainn do ghradh sìorruidh an cor a dheanamh 'na ' fhulang? Ach cha robh Dia ri bhith air a thionndadh o run suidhichte le aineolas na le obar dhaoine. Eisdibh ri Pol air a phuig sin - "Gun tugadh Dia ar Tighearna Iosa Crìosd - Athair na gloire spiorad gliocais agus foillseachaidh dhuibh ann an eolas airson suilean 'ur n-inntinn a bhith air an soillseachadh chum fios a bhith agaibh cìod e dochas a ghairme-san agus cìod e saobhreas gloire oighreachd-san anns na naoimh". Agus cìod e ro-mheud a chumhachd, do ar taobh-ne a tha creidsinn a reir oibreachadh a threim neart, a dh' oibrich e ann an Crìosd, an uair a thog e 'o na mairbh e, agus a chuir e 'na shuidhe air a dheas-laimh fhein e, anns na h-ionadan neamhaidh".

Crìosd a' fulang air ar sgath-ne amfirean an aite an neo-fhirean - sin agaibh cuspair air am miann leis na naoimh air neamh agus air thalamh a bhith a' sìor mheorachadh le iognadh, le uaill, agus le gairdeachas.

Iadsan a tha de'n bheachd gu'n teid aca air an cuis a reiteachadh ri Dia, an uair thogras iad, no mar a thogras iad, thugadh iad fainear nach lugha na "cumhachd Dhe agus gliocas Dhe", tre chreideimh 'na Whac, a ni sin air an son. Faodaidh an seorsa a dh' ainmich mi lomadh euchd a dheanamh ach saorsa anama - sin gnothach/

gnothach a b' eiginn do Dhia fhein a ghabhail os laimh agus a ghradh a chumhachd agus a ghliocas a nochdadh agus a bhith air an cur an ceill 'san oidhirp.

Rinn e 'na fh' fhaodadh e cheana, agus is leoir sin chum beatha shiorruidh a bhith aig gach neach a roghnaicheas a ghabhail o laimh fhialaidh a Mhic. Ach sibhse a tha tagradh cairdeis Mhic Dhe, agus a tha toileach fianuis a nochdadh as a leth - cuimhnicheabh daonnan air umhlachd agus fhianuis fhein. Bith umhlach do'n Athair a bhuaidh leis an do bhuedhaich e. Biodh e soilleir, uime sin, do na h-uile gur XI h-i coir agus dlighe Chrìosd - umhlachd aon-fhillte a shireadh agus fhaotainn o gach neach leis an aill cuid na pairt a bhith aca 'na shaobhreas do-rannsaichte. Dheasaidh agus gheibh e umhlachd agus urram 'nan uile a fhuair geur-bheachd air 'na bheatha agus 'na dheanadas.

Sgap e neoil ar n-aineolais - rinn e soilleir gne agus run Dhe - agus rinn e comasach do na h-uile a chreideas - iad a bhi da-rìreadh nan clàinn do Dhia.

Iadsan a ghabh a' chuing orra, chan uallach leotha aitheantan a choimhead. Cha robh aige ach aon iochd-shlainte airson eucailleann dhaoine - iad aithreachas a dheanamh agus creidsinn 'san t-Soisgeul. "Thainig Mise chum gu'm biodh beatha aca, agus gu'm biodh e aca na's pailte". "Agus is i seo toil an Tì a chuir uaith Mi, gu'm biodh a' bheatha mhaireannach aig gach neach a chi am Mac, agus a chreideas ann". Fialaidh agus mar a tha cuireadh agus tiodhlac Dhe, cha shonraich i le durachd iomchuidh, ach iadsan dha'n aithne a luach

a reir am feuma. Ach e' aite a bheil breithneachadh na tuigse nam feachnach do nach aithne an t-seorsa dhè ullaich Dia air ar son, agus a tha e nis a' tairgsinn dhuinn gu saor tre chreideas na Mhac Iosa Crìosd ar Tighearna?

Is furasda agus samhach mu obair i - dol a dhòlaidh ach nach mor am meud a bhith faicinn anam a' seargadh agus a' crìonadh as an uair a tha pailteas aig Dia, agus e cho fialaidh uime? Tha cuid nach'eil son-chuid fuar no teth a thaobh Chrìosd. Tha cuid eile tha furachail daonna air an corra-bìod, air eagal ceum a thoirt na b' fhaide na bu mhaith leotha air a sgàth. Cha bhith toradh no fireantachd ach air bheag luach tre fhianuis an t-seorsa sin.

Iadsan leis an toil a bhith air an cunntas ann am feachd nan crèideach, cho fad's 's nach tig orra stri no lomairt a dheanamh, cuimhnicheadh iad rabhadh agus earrail Chrìosd. "Ge b'e neach leis an aill teachd ann am dheidh-sa, aicheadh e e fhein, agus togadh e a' chrann-ceusaidh, agus leanadh e Wise".

"Oir ge b'e neach leis an aill anam fhein a ghleidheadh, caillidh e e: ach ge b'e neach a chailless anam air mo shonsa, agus airson an t-Soligeil, gleidhidh esan e". "Na nithean a bha 'nam buannachd dhomh", arsa Pol, "mhèas mi iadsan 'nan call airson Chrìosd".

Bith prìomh iarrtus a' bheatha-san an tuilleadh agus an tuilleadh eolais a bhith aige air Crìosd agus air cumhachd aiseirigh.

"Oir thiodhlaiceadh dhuibh-se" ars' esan, ris na Phillipianaich, mar gu'm bi sin ard-shochair am beatha - "thiodhlaiceadh dhuibhse airson Chrìosd chan e mha'n creidsinn ann, ach mar an ceudna, fulang air/

(27.30 + 2 Ps.)

air a shon". Criosd air a cheusadh - cumhachd Dhe agus gliocas Dhe, agus do bhrìgh sin, tha mi tagradh gun teagamh, gun leisgeul gum faighear ann-san agus tre chreideamh 'na ainm fuasgladh gach ceisd agus reiteachadh/a ^{gach cuis} bhuineas do chrannchur an duine agus sin, ann an co-dhòrdadh ri run agus ordugh sìorruidh Dhe.

Tha cumhachd agus gliocas am pailteas, agus a nasgaidh air an tasgadh ann an saibhlean Dhe. Agus le ughdarras agus air barantas Chrìosd, dha'n tug an Athair thairis na h-uile nithean, tha cuireadh farsuinn fialaidh aig gach neach tighinn agus tarruing asda a reir an creideamh. Nach maing a bhiodh 'na dhiol-deirce Spioradail gun Dia gun dochas an uair a tha a' leithid de bheartas 'nar tairgse? Feuch, ciod an t-ullachadh a rinneadh le Dia air ar sonne agus ciod an gne graidh leis an do ghradhaich e sinn? Nach tigeadh e dhuinn, uime sin, a radh le gairdeachas, ann am briathran Phoil - "Tha mi uasal a Soisgeul Chrìosd, oir is e cumhachd Dhe e chum slainte dè gach neach a chreideas". "A nis dhasan d'an comas na h-uile nithean a dheanamh gu h-anabarrach ro-phailt, thar gach ni as urrainn sinne iarraidh no smuaineachadh a reir a chumhachd a tha ag oibreachadh gu h-eifeachdach annain - dhasan gu robh gloir anns an Eaglais tre Iosa Chrìosd, air feadh gach uile linn, gu saoghal nan saoghal." AMEN.

(29.20 + 3 Ps)

Deanamsid urnuigh:

A Dhe ghrasamhor agus uile-bheannaichte, beannaich dhuinn searmonachadh d' fhocail.

Agus a chionn gur h-i crìoch araidh an duine Dia a ghloireachadh agus/

agus a mhealtuinn gu sìorruidh; agus do bhrìgh gu'n d' rinnadh
leat gach ullachadh thum na crìche sin tre t-Aoinghin Mhìc, Iosa
Crìosd, deònaich dhuinn spiorad glìocais agus foillseachaidh ann
an eòlas airsan agus air cumhachd aiseirigh.

Thoir dhuinn neart agus treoir chum a bhith beo agus a' gluasad
mar chloinn an t-soluis le ar cuirp a thoirt 'nam beo-lobairt,
naoimh, thaitnich dhuitse - nì as e ar seirbhis reùsanta, tre
Iosa Crìosd ar Tighearna. AMEN.

(30.05) + 2 ps

Bithidh sinn a nis a' co-dhùnadh le bhì a' seinn, KKKK an trì
ficheadamh laoidh air fonn "St. Paul":

"Athair na sìth', 's a Dhe na seir!
do'd neart bheir sinne cliu"

AM BEANNACHADH